

Cuspair Clàir-ghnothaich	8
Àir. Aithisge	G/10/21

COMHAIRLE NA GÀIDHEALTACHD

Comataidh:	Comataidh na Gàidhlig
Ceann-latha:	18 Cèitean 2021
Tìotal Aithisge:	Maoineachadh Maoin Buileachaidh Achd na Gàidhlig (GLAIF) Bhòrd na Gàidhlig – Dreachd Phrògram Phròiseactan
Aithisg le:	Àrd-Oifigear Gnìomhach, Coileanadh agus Riaghlachas

1. Adhbhar/Geàrr-chunntas Gnìomhach

- 1.1 'S e adhbhar na h-aithisge geàrr-chunntas às ùr a thoirt do Bhuill mu na h-ochd iarrtasan airson Maoin Buileachaidh Achd na Gàidhlig (GLAIF) a chuir Sgioba na Gàidhlig a-steach gu Bòrd na Gàidhlig (BnaG).

2. Molaidhean

- 2.1 Thathar ag iarraidh air Buill:
- Deasbair eachd mu na h-iarrtasan a tha Sgioba Gàidhlig Chomhairle na Gàidhealtachd a' stiùireadh agus na h-iarrtasan anns a bheil an Sgioba a' gabhail com-pàirt, agus toirt fa-near dhaibh is aithne a thoirt dhaibh. Chaidh na h-iarrtasan a chur a-steach gu BnaG ron cheann-latha dùnaidh dhen 22 Giblean 2021.

3 Buaidhean

3.1 Goireas

Tha Sgioba na Gàidhlig air iarrtasan maoineachaidh a chur a-steach de luach £175,363.09 do shruth maoineachaidh GLAIF BnaG. Ma thèid am maoineachadh aontachadh, neartaichidh e obair leantainneach Sgioba na Gàidhlig agus cuidichidh e Bòrd na Gàidhlig agus Comhairle na Gàidhealtachd gu bhith ag obair còmhla, far a bheil sin iomchaidh, ann a bhith a' libhrigeadh amasan is mion-amasan Plana Cànan Nàiseanta na Gàidhlig.

- 3.2 **Laghail**
Tha Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 air inbhe laghail a thoirt dhan Ghàidhlig. Feumaidh Comhairle na Gàidhealtachd aire a ghabhail dhan Achd.
- 3.3 **Coimhearsnachd (Co-ionannachd, Bochdainn, Dùthchail agus Eilean)**
Tha na h-iarrtasan maoin eachaidh ag amas air cleachdadh na Gàidhlig a neartachadh ann an coimhearsnachdan air feadh na Gàidhealtachd.
- 3.4 **Atharrachadh Gnàth-shìde/Carbon Ciallach**
Chaidh na coinneamhan uile a' buntainn ri pròiseas GLAIF a chumail tro ghoireasan Teicneòlas Fiosrachaidh is Conaltraidh (TFC) agus cleachdaidh na leasachaidhean fhèin, ma thèid am maoin eachadh, na h-ùrlaran TFC iomchaidh.
- 3.5 **Cunnart**
Mura faigh Comhairle na Gàidhealtachd taic maoin eachaidh gu leòr bho shruth maoin eachaidh GLAIF, bheir seo lùghdachadh air an taic is air an àireimh ghnìomhan as urrainn dhan Sgioba Ghàidhlig a thoirt seachad.
- 3.6 **Gàidhlig**
Tha am maoin eachadh a tha air a thoirt seachad le BnaG tro shruth maoin eachaidh GLAIF fìor chudromach do Sgioba na Gàidhlig seach gu bheil e a' cuideachadh ann a bhith a' buileachadh nam prìomh taisbeanair ean coileanaidh ann am Plana Gàidhlig Chomhairle na Gàidhealtachd. Tha am maoin eachadh a' toirt cothrom do Sgioba na Gàidhlig pròiseactan ùra is innleachdach a leasachadh is a chumail a' dol, agus tha seo a' brosnachadh deagh obrachadh com-pàirteach le buidhnean coimhearsnachd, buidhnean Gàidhlig is cultair agus le luchd-ùidhe Chomhairle na Gàidhealtachd. Tha seo uile ag amas air prìomhachasan a' Phlana Cànan Nàiseanta agus Plana Gàidhlig Chomhairle na Gàidhealtachd fhèin.

4. Maoin Buileachaidh Achd na Gàidhlig (GLAIF) Bhòrd na Gàidhlig (BnaG)

- 4.1 Stèidhich BnaG sruth maoin eachaidh GLAIF gus ùghdarrasan ionadail a chuideachadh ann a bhith a' libhrigeadh nan geallaidhean sna planaichean Gàidhlig aca agus airson taic a thoirt do dh'amasan is mion-amasan Phlana Cànan Nàiseanta na Gàidhlig.
- 4.2 Tha GLAIF air a chleachdadh cuideachd airson cuideachadh a thoirt do dh'ùghdarrasan poblach eile ann a bhith a' libhrigeadh phròiseactan air thoiseach air brath foirmeil gus Plana Gàidhlig a dhèanamh. Tha am maoin seo a' toirt taic do phròiseactan a bhios air tòiseachadh agus a bhios an dùil a bhith crìochnaichte eadar toiseach an Lùnastail 2021 agus 31 Lùnastal 2022. Tha seo an crochadh air riaghailtean nàiseanta Covid-19.

5. Iarrtasan GLAIF Sgioba na Gàidhlig

- 5.1 Chuir Sgioba na Gàidhlig a-steach iarrtasan airson maoin eachadh GLAIF gu Bòrd na Gàidhlig air 22 Giblean 2021. Tha na leanas a' toirt gearr-chunntas air gach pròiseact GLAIF a chaidh a chur a-steach.

6. Com-pàirteachas Ro-innleachdail Breith gu Trì

- 6.1 Tha am pròiseact Com-pàirteachas Ro-innleachdail Breith gu Trì eadar Bòrd na Gàidhlig agus Comhairle na Gàidhealtachd air a bhith fìor shoirbheachail agus tha buaidh shusbainteach air a bhith aige air roinn 0 gu 3 na Gàidhlig ann an sgìre Chomhairle na Gàidhealtachd. Ann an co-bhann leis an Care and Learning Alliance, thug seo cothrom taic a thoirt dhan roinn 0 gu 3 le luchd-obrach cluiche eòlach is fileanta sa Ghàidhlig, ag

obair còmhla ri buidhnean saor-thoileach thar na sgìre gus taic a thoirt do bhuidhnean Pàrant is Pàiste agus gluasad gu FtG a bhrosnachadh.

- 6.2 'S iad na sgìrean a tha air an còmhdach sa phròiseact: Inbhir Theòrsa, Drochaid a' Bhanna, Baile Dhubhthaich, Inbhir Pheofharain, Inbhir Nis, Inbhir Narann, Gleann Urchadain, Baile Ùr an t-Slèibh, Ullapul, Geàrrloch, Àth Tharracail, Malaig, agus Baile a' Chaolais. Tha na leasachaidhean a thathar a' dealbh airson an ama ri teachd a' gabhail a-steach a bhith a' tabhann sheiseanan cluiche ùr an dà chuid ann an Dòrnach agus ann am Baile nan Granddach sa bhliadhna air thoiseach.
- 6.3 Am-bliadhna, air sgàth Covid-19, bidh dùbhlain susbainteach mu choinneimh a' phròiseict ann a bhith ag ath-stèidheachadh bhuidhnean agus solar Gàidhlig, oir cha b' urrainn do bhuidhnean coinneachadh gu corporra. Tha làithean fosgailte agus com-pàirteachas phàrant cuideachd air lùghdachadh, no air stad uile gu lèir. Cuideachd, tha mòran chomataidhean phàrant air gluasad air adhart ma tha a' chlann air gluasad gu Sgoil-àraich.
- 6.4 Thathar air plana gnìomh a leasachadh, le amas air na dùbhlain a tha mu choinneimh gach buidheann agus na gnìomhan a tha riatanach airson gluasad air adhart. Anns a' mhòr-chuid de shuidheachaidhean, bidh com-pàirteachas phàrantan ùra na phrìomhachas, agus bidh amas air a bhith a' togail aire is air obair brosnachaidh taobh a-staigh choimhearsnachdan, ann an co-bhann le oifigearan Ionnsachadh is Leasachadh Coimhearsnachd Gàidhlig.
- 6.5 Gus an urrainn do bhuidhnean coinneachadh a-staigh, bidh luchd-obrach a' toirt prìomhachas do bhith a' coinneachadh a-muigh agus a' meudachadh cluiche ann an suidheachaidhean nàdarrach taobh a-staigh stiùiridhean an ama. Thèid na cruinneachaidhean seo a shanasachd is a mhargaidheachd anns gach coimhearsnachd ionadail agus tro na meadhanan sòisealta. Bidh obair shusbainteach an lùib a bhith ag ath-thogail nam buidhnean, an dà chuid a thaobh ùine is ghoireasan.

7 Gàidhlig airson Inbhich

- 7.1 Tha Comhairle na Gàidhealtachd an-còmhnaidh a' feuchainn ri cothroman ionnsachaidh do dh'inbhich a mheudachadh thar sgìre na Gàidhealtachd. Bidh am pròiseact ag amas air sgìrean taobh a-staigh Chomhairle na Gàidhealtachd far a bheil solar FtG mar-thà ann an sgoiltean, agus solar a leudachadh ann an sgìrean ùra le bhith ag àrdachadh ìomhaigh na Gàidhlig.
- 7.2 Tha Comhairle na Gàidhealtachd an-dràsta a' cleachdadh dòigh-obrach structaraichte is adhartach a thaobh ionnsachadh, ann an sgìrean far a bheil barrachd oileanach ann an clasaichean Gàidhlig. Tha seo a' toirt cothrom air slighe shoilleir bho chùrsaichean luchd-ionnsachaidh gu cùrsaichean Gàidhlig aig ìre oilthighe.
- 7.3 Tha an t-iarrtas leantainneach airson chlasaichean Gàidhlig a' ciallachadh gu bheil feum air oidean ùra agus bidh Comhairle na Gàidhealtachd a' cur thachartasan trèanaidh air dòigh do dh'oidean. Tha an trèanadh feumail cuideachd do dh'oidean a th' ann mar-thà mar phàirt de Leasachadh Dreuchdail Leantainneach. Tha fèill mhòr air clas Gàidhlig do Phàrantan agus leanaidh seo air adhart air-loidhne seach gu bheil e a' toirt cothrom do bhuidheann nas fharsainghe de phàrantan bho air feadh na Gàidhealtachd com-pàirt a ghabhail. 'S e dòigh riatanach a th' anns a' phròiseact airson àireamhan luchd-ionnsachaidh inbheach anns a' Ghàidhealtachd àrdachadh agus bheir seo fàs cuideachd air cleachdadh na Gàidhlig taobh a-staigh choimhearsnachdan na Gàidhealtachd.

7.4 Tha am pròiseact ‘Gàidhlig airson Inbheach’ a’ toirt taic do phàrantan chloinne ann am FtG gus an cànan ionnsachadh, agus bha seo gu h-àraid feumail do phàrantan ri linn galar Covid-19 nuair nach b’ urrainn do chloinn a dhol dhan sgoil. Chaidh dòighean ùra libhrigidh airson chlasaichean Ionnsachadh Gàidhlig do dh’Inbheach fheuchainn thairis air a’ bhliadhna mu dheireadh mar fhreagairt air galar Covid-19 agus thathar an dùil gum bi seòrsa air choreigin de dh’ionnsachadh measgaichte, an dà chuid le clasaichean air-loidhne agus aghaidh ri aghaidh, a’ leantainn air adhart. Tha buannachdan an lùib chlasaichean air-loidhne oir ’s urrainn do dh’oileanaich ann an àiteachan nas dùthchaile am frithealadh nuair a bhiodh clasaichean Ionnsachadh Inbheach traidiseanta doirbh an ruigsinn. Thathar an dòchas gum bi mòran chlasaichean ùra a’ tabhann a’ chùrsa ùir SpeakGaelic.

8. Gaisgeach Òigridh na Gàidhlig

8.1 Tha am pròiseact seo ag amas air maoinachadh a thoirt seachad gus Gaisgeach Òigridh na Gàidhlig fhadthairis airson ceangal a thogail le daoine òga ann an àrd-sgoiltean sa Ghàidhealtachd far a bheil Gàidhlig/FtG ri fhaotainn.

8.2 Bidh an tagraiche soirbheachail a’ cleachdadh teachdaireachd ‘Cleachd i’ airson daoine òga a bhrosnachadh gus na sgilean cànan aca a chleachdadh, a’ Ghàidhlig a thaghadh mar chuspair agus/no aire a thogail mu shlighean eile a tha ann dhaibh.

8.3 Bidh tidsearan a’ faighinn buannachd cuideachd à Gaisgeach Òigridh na Gàidhlig seach gun toir seo cothrom dhaibh guth nan sgoilear a thuigsinn, fianais a chruinneachadh mu eòlasan làithreach a thaobh na Gàidhlig do dhaoine òga sna sgoiltean againn, agus buaidh is brosnachadh a thoirt air barrachd com-pàirteachais ann an cànan, cultar is tachartasan Gàidhlig.

8.4 Bhiodh Gaisgeach Òigridh na Gàidhlig a’ togail ceangal le oifigearan foghlaim gus fios a chur ris an lèirsinn is an ro-innleachd againn airson na Gàidhlig ann an Comhairle na Gàidhealtachd mar phàirt de na h-ullachaidhean againn airson an ath Phlana Gàidhlig againn. Tha sinn an dòchas gun tig àrdachadh air an àireimh dhaoine òga a tha a’ taghadh na Gàidhlig, agus tha sinn an dòchas obrachadh le daoine òga taobh a-muigh ùine sgoile is taic a thoirt dhaibh gus com-pàirt a ghabhail ann an gnìomhan taobh a-muigh a’ churraicealaim, agus com-pàirt a ghabhail ann an gnìomhan òigridh sa Ghàidhealtachd.

8.5 Bheir an dreuchd taic luachmhor do dhaoine òga nuair a thathar a’ cur air adhart buannachdan dà-chànanais, a’ com-pàirteachadh is a’ brosnachadh phròiseactan coimhearsnachd Gàidhlig agus a’ toirt seachad àrd-ùrlar airson a bhith a’ brosnachadh shlighean Gàidhlig às dèidh na sgoile.

8.6 Bheir Co-labhairt Òigridh Ghàidhlig agus fòram stèidhichte cothroman airson meantoradh, lionraidhean a thogail agus cumhachd a thoirt seachad taobh a-staigh prìomh dheamografaig airson guth na Gàidhlig san àm ri teachd anns a’ Ghàidhealtachd.

9. Fàgail is Fàilte

9.1 ’S e tachartas a bhios ann am ‘Fàgail is Fàilte’ a bhios a’ comharrachadh Mòd Nàiseanta Rìoghail 2021 Inbhir Nis agus a chuireas fàilte air a’ Mhòd Nàiseanta Rìoghail gu Baile Pheairt. ’S e tachartas cruthachail is cultarail Gàidhlig a bhios an seo a bheir am ‘batan’ cultarail seachad do Bhaile Pheairt agus dhan sgìre mun cuairt.

- 9.2 Bidh seo buannachdail dha na daoine òga ann an àrd-sgoiltean, anns an dà sgìre, far a bheil Gàidhlig agus ceòl traidiseanta air an teagasg. Bidh seo ag amas air daoine òga a bhios a' gabhail com-pàirt ann an ceòl traidiseanta agus dannsa Gàidhealach, agus Gàidhealtachd Pheairt am measg seo.
- 9.3 Anns na mìosan ron tachartas, bidh oidean òrain Ghàidhlig is ceòl traidiseanta a' teagasg is ag oideachadh dhaoine òga ann an sgoiltean, an dà chuid ann an sgìrean Inbhir Nis agus Siorrachd Pheairt. Bidh trì seiseanan ruith-thairis air an cumail aig an deireadh-sheachdain mus bi am Mòd ann, me deireadh-sheachdain de bhùithtean-obrach a' gabhail àite aig an aon àm ann am Peairt agus Inbhir Nis san Iuchar, san Lùnastal agus san t-Sultain. Thig seo gu crìch le tachartas measgaichte ann an Eden Court, air a chraoladh beò air na meadhanan sòisealta agus air a chlàradh airson a choimhead a-rithist.

10. Gàidhlig agus Cultar – Coimhearsnachd Gheàrrloch

- 10.1 'S e tachartas Gàidhlig is cultair coimhearsnachd dà latha a bhios sa phròiseact 'Gàidhlig agus Cultar ann an Geàrrloch' agus thèid a libhrigeadh ann an co-bhann le buidhnean cultarail ionadail Gàidhlig, buidhnean Gàidhlig, agus luchd-obrach FtG ann an Geàrrloch.
- 10.2 Bidh am pròiseact ag amas air ìomhaigh FtG a thogail cuide ris na buannachdan a tha an lùib dà-chànanaid, agus a bhith ag ath-bheothachadh is a' neartachadh cànan is cultar na Gàidhlig ann an sgìre Gheàrrloch mar phàirt de phrògram ath-shlànachaidh cànan na Gàidhlig.
- 10.3 Bidh am pròiseact buannachdail do theaghlaidhean FtG ùra is làithreach agus roinnean FtG, an dà chuid sa bhun-sgoil is san àrd-sgoil agus ann am buidhnean cultarail is coimhearsnachd ionadail.
- 10.4 Tha am pròiseact ag amas air làthaireachd na Gàidhlig a mheudachadh is a neartachadh ann an coimhearsnachd Gheàrrloch agus fios a thoirt do phàrantan is do theaghlaidhean mu na cothroman a th' ann dhaibh a thaobh FtG.
- 10.5 Bidh na gnìomhan a' gabhail àite ann an, agus timcheall air, Bun-Sgoil Gheàrrloch agus Àrd-Sgoil Gheàrrloch, a bhios nan co-ionadan Gàidhlig airson an tachartais.

11. Gàidhlig anns a' Choimhearsnachd

- 11.1 Bidh am pròiseact 'Gàidhlig anns a' Choimhearsnachd' a' gabhail a-steach prògram de làithean/sheiseanan FtG do chloinn is do dhaoine òga, a bharrachd air ionnsachadh teaghlaidh a bhios an lùib nan seiseanan. Thèid am prògram a libhrigeadh thairis air a' bhliadhna, a' gabhail a-steach amannan saor-làithean sgoile.
- 11.2 Bidh na gnìomhan measgaichte, a' gabhail a-steach gnìomhan air a' bhlàr a-muigh, ceòl, dràma, làmh-chiùird agus filmeadh. Bidh seiseanan ann airson mothachadh a thogail mu FtG do phàrantan agus bidh seo a' gabhail a-steach cluiche sgluidseach, Bookbug agus cleasan ciùird do bhuidhnean 0–3 bliadhna. Thathar an dùil gum bi am pròiseact gu h-àraid do theaghlaidhean le clann sa bhun-sgoil agus do dhaoine òga a' dol gu FtG àrd-sgoile ann an Inbhir Nis agus san Sgìre a Tuath.
- 11.3 Tha na h-amasan a' gabhail a-steach: a bhith a' togail mothachadh mu chànan na Gàidhlig, gu h-àraid ann an sgìrean far nach eil a' Ghàidhlig air a bruidhinn sa bhitheantas; a bhith a' soilleireachadh FtG mar dheagh roghainn foghlaim agus buannachdan dà-chànanaid; agus a bhith a' brosnachadh dhaoine òga gus a' Ghàidhlig

a thaghadh fhad 's a tha iad a' gluasad gu foghlam àrd-sgoile agus nas anmoiche san sgoil nuair a tha iad a' taghadh nan cuspairean aca.

- 11.4 Tha am pròiseact a' coimhead air taic is leasachadh a thoirt air sgilean togail-cànain nan sgoilearan tro bhith a' toirt barrachd chothroman dhaibh a bhith air am bogadh sa chànan, agus tuilleadh chothroman airson mothachadh a thogail mun Ghàidhlig. Bidh seo a' cur air adhart cleachdadh na Gàidhlig am measg dhaoine òga.
- 11.5 Airson ion-ghabhaltas nas fharsainge agus com-pàirteachas nas motha, bidh am pròiseact a' libhrigeadh ghnìomhan do luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig a bharrachd air ghnìomhan do chloinn ann am FtG. Thèid prògram de ghnìomhan samhraidh a leasachadh mar phàirt dhen phròiseact airson cothrom a thoirt do sgoilearan ceangal a chumail suas leis a' Ghàidhlig tro na saor-làithean.
- 11.6 Bidh am pròiseact a' leasachadh prògram measgaichte de ghnìomhan taobh a-muigh a' churraicealaim mar a thathar a' mìneachadh gu h-àrd, agus bheir e cothrom seachad cuideachd airson coinneachadh ri luchd-ionnsachaidh is co-aoisean eile ann an sgìrean dùthchail taobh a-staigh Sgìre a Tuath Chomhairle na Gàidhealtachd. Bidh am pròiseact ag obair gu dlùth le sgoiltean, buidhnean com-pàirteach agus buidhnean coimhearsnachd ionadail a leithid buidhnean Fèise.
- 11.7 Thèid am prògram a libhrigeadh thairis air a' bhliadhna agus a-steach gu saor-làithean na sgoile. Bidh am pròiseact a' gabhail a-steach dà bhùth-obrach/thachartas do sgoilearan Luchd-ionnsachaidh Gàidhlig anns an àrd-sgoil. Tha moladh ann cuideachd ceangal a thogail le taigh-tasgaidh ionadail gus ainmean-àite is eachdraidh na sgìre a rannsachadh.
- 11.8 Còrdaidh rannsachadh air cultar na Gàidhlig tro òrain, ceòl, ainmean-àite is eachdraidh ri luchd-èisteachd farsaing thar na coimhearsnachd agus togaidh seo deagh ìomhaigh airson na Gàidhlig.

12. Prògram Taic Bun-Sgoil Ghàidhlig Port Rìgh

- 12.1 Bidh pròiseact Prògram Taic BSGP a' ruith tron bhliadhna acadaimigich 21/22. Air sgàth suidheachadh na bliadhna an-uiridh, bha buaidh shònraichte air cloinn ann am FtG seach nach b' urrainn dhaibh a dhol dhan sgoil tro ghlasadh Covid-19.
- 12.2 Bha cothroman fìor chuingealaichte aig sgoilearan ann am BSGP ceangal a thogail len co-aoisean agus a' Ghàidhlig a chleachdadh taobh a-muigh suidheachadh foghlaim foirmeil, agus tha am pròiseact ag amas air dèiligeadh ris a seo. Thèid am pròiseact a libhrigeadh ann an co-bhann le Ceannard na Sgoile agus luchd-obrach FtG, buidhnean Gàidhlig agus buidhnean coimhearsnachd. Bidh am pròiseact a' ciallachadh gun tèid a' Ghàidhlig a chleachdadh barrachd agus gum bi cothrom aig daoine òga am fileantachd is an comas conaltraidh sa Ghàidhlig a leasachadh tro bhith a' gabhail com-pàirt anns na gnìomhan is na tachartasan a thèid a chur air dòigh.
- 12.3 Bidh am pròiseact ag amas air: taic a thoirt do sgoilearan le bhith a' togail suas an cuid Gàidhlig agus a' leasachadh iomairtean a bheir taic do dh'fhileantas; a bhith a' libhrigeadh prògram taic FtG do sgoilearan BSGP agus a bhith a' cur thachartasan brosnachail air dòigh do FtG; a bhith a' leasachadh sgilean togail-cànain nan sgoilear; a bhith a' brosnachadh is a' meudachadh cleachdadh na Gàidhlig le daoine òga tro bhith ag obair ann an com-pàirteachas le buidhnean Gàidhlig ionadail gus leasachadh a bharrachd a thoirt air prògram de ghnìomhan taobh a-muigh a' churraicealaim a bhios a' dol air adhart taobh a-muigh latha na sgoile; agus a bhith a' toirt taic do phàrantan ann

a bhith ag ionnsachadh na Gàidhlig agus a' libhrigeadh chothroman ionnsachaidh do theaghlaidhean.

- 12.4 Bidh am pròiseact buannachdail do sgoilearan FtG agus Sgoil-àraich; pàrantan FtG ùra is làithreach; luchd-obrach FtG aig BSGP; coidseachan/oidean òga le Gàidhlig; agus dhan choimhearsnachd san fharsaingeachd.
- 12.5 Tha am pròiseact ag amas air na leanas a choileanadh: fios a thoirt do phàrantan is do theaghlaidhean mu na cothroman a th' ann dhaibh a thaobh FtG gus clàr na sgoile àrdachadh; so-ruigsinneachd is ion-ghabhaltas do sgoilearan uile a tha a' frithealadh BSGP; Gàidhlig a mheudachadh dha na sgoilearan an dà chuid às dèidh na sgoile agus tro ùine a' churraicealaim; deagh ìomhaigh na Gàidhlig a thogail am measg òigridh; cothroman obrach a thoirt do dhaoine òga a tha air a dhol tro FtG; agus obair chom-pàirteach a mheudachadh gus nach bi goireasan air an dùblachadh taobh a-staigh leasachadh Gàidhlig.

13. Ball-coise Gàidhlig

- 13.1 Bidh am pròiseact Ball-coise Gàidhlig a' gabhail a-steach sreath de bhùithtean-obrach coidseadh ball-coise Gàidhlig aon-latha do chloinn is dhaoine òga, a thèid a chumail ann an grunn àiteachan air feadh Sgìre a Tuath na Comhairle. Thig seo gu crìch le tachartas coidseadh ball-coise a thèid a chumail ann an Inbhir Nis rè saor-làithean an t-samhraidh san Iuchar/Lùnastal 2022. Thèid na seiseanan ball-coise a chumail ann an Inbhir Pheofharain, Baile Dhubhthaich, Inbhir Theòrsa, Farr, Ullapul agus Inbhir Nis.
- 13.2 Thèid am prògram a libhrigeadh thairis air an ath bhliadhna acadaimigeach agus a-steach gu saor-làithean sgoile 2022. Bidh na seiseanan a' gabhail a-steach prògram coidsidh a thèid a phlanadh is a libhrigeadh le dithis choidseachan le barantas Comann Ball-coise na h-Alba.
- 13.3 Tha am pròiseact ag amas an dà chuid air cloinn a' frithealadh bun-sgoil FtG agus sgoilearan sa 1d, 2na agus 3mh bliadhna ann am foghlam àrd-sgoile FtG taobh a-staigh sgìre Inbhir Nis agus an Sgìre a Tuath.
- 13.4 'S e an t-amas daoine òga a bhrosnachadh gus a' Ghàidhlig a chleachdadh ann an àrainneachd spòrsail, neo-fhoirmeil agus beachdachadh air FtG a thaghadh nuair a tha iad a' gluasad dhan àrd-sgoil agus a-rithist, nas anmoiche san sgoil nuair a tha iad a' taghadh nan cuspairean aca.
- 13.5 Bidh am pròiseact ag amas air sgilean togail cànanain nan sgoilearan a neartachadh is a leasachadh, agus mar sin a' meudachadh cleachdadh na Gàidhlig am measg dhaoine òga, taobh a-muigh àrainn na sgoile.
- 13.6 Bidh am pròiseact a' leasachadh prògram seasmhach, fìor mhath de ghnìomhan taobh a-muigh a' churraicealaim tro mheadhan na Gàidhlig. Thathar an dùil leantainn air adhart ag obair gu dlùth le sgoiltean, coidseachan ball-coise coimhearsnachd, sgiobaidhean ball-coise ionadail agus Comann Ball-coise na h-Alba ann a bhith a' libhrigeadh a' phròiseict seo.
- 13.7 Bheir am pròiseact aire a bharrachd do chànan na Gàidhlig dhaibhsan a tha an lùib ball-coise agus, seach gun tèid am pròiseact a libhrigeadh cuideachd ann an coimhearsnachdan ionadail, leudaichidh seo chun a' phobaill san fharsaingeachd.

- 13.8 B' fheudar am pròiseact tùsail, a tha air a mhìneachadh gu h-àrd, atharrachadh air sgàth riaghailtean leantainneach Covid-19, agus chaidh gnìomhan atharrachadh gu modail libhrigidh air-loidhne. Chaidh seiseanan beò a libhrigeadh gach seachdain do sgoiltean tro Google Classroom le amas air seiseanan fallaineachd spòrsail le sgilean ball-coise agus tro mheadhan na Gàidhlig.
- 13.9 Bidh an ceum ùr a' daingneachadh na h-obrach a rinneadh ann an ceum tùsail a' phròiseict agus, ma bhios feum air, thèid atharrachadh gu cruth air-loidhne a-rithist ma bhios bacadh air coinneachadh aghaidh ri aghaidh.

14. Ionmhas Phròiseactan GLAIF

- 14.1 'S e an t-suim iomlan a thathar ag iarraidh bho BnaG airson nam pròiseactan GLAIF: **£175,363.09**
'S e an t-suim iomlan airson rianachd, cur air dòigh, aitreabhan agus tabhartas stuthail bho Chomhairle na Gàidhealtachd: **£95,401.08**

Ainmeachadh: Kate Lackie, Àrd-Oifigear Gnìomhach, Coileanadh agus Riaghlachas

Ceann-latha: 27 Giblean 2021

Ùghdaran: Mòrag Anna NicLeòid Mitchell, Shona NicPhàdraig, Dolina Ghrannnd,
Mairead Mulholland

Pàipearan Cùl-fhiosrachaidh: